

# Mo chuilean beag

C23A(ii)

Donnchadh MacNimhein

Clare Jordan

Gleus F

Sèist

Mo chuilean beag mo chuilean beag, gur trom mo cheum às  
d'aon - ais Mo chuilean beag cha chluinn thu mi  
's cha fhreag - air thu nas mò mi  
Rann 17  
Ged bhith - inn fad' air fal-(a)bh bhon taigh ged bheir - inn  
bliadhn' is còrr bhuat, 'S tu fhèin a' chiad aon a  
bhiodh a - mach 's tu ruith gu grad nam chòmh - dhail.

2. Gur tric a leum thu air mo ghlùin  
dhol a dh'imlich m'aodainn,  
A dh'innse dhomh na b' urrainn dhut  
a' mheud 's a thug thu ghaol dhomh.
3. Oir cha robh caraid is cha bhi,  
a bha cho dileas riamh dhomh,  
Oir cò e 'n caraid leanadh mi  
tro iomadh strì is deuchainn.

*Seinnear an t-sèist às dèidh gach rann.*

**Gaelic stresses and vowel values take precedence**